



Tìotal: Gam dhìon/Droch-dhiol agus dàimhean

Pàirt 3: Burraidheachd

Ìre: DÀRNA

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<ul style="list-style-type: none"> Tha fios agam gu bheil gach seòrsa de dhroch-dhiol ceàrr, agus tha mi a' toirt air adhart sgilean airson mi fhìn a chumail sàbhailte agus cuideachadh fhaighinn ma dh'fheumas mi. HWB 2-49a 	<ul style="list-style-type: none"> Ag aithneachadh droch-dhiol agus burraidheachd, mar eisimpleir air-loidhne, aghaidh ri aghaidh agus fios aca càit an tèid iad airson cuideachadh.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann gu bheil gach diofar seòrsa droch-dhiol ceàrr.
- Gum bi fios aig clann càit am faigh iad tuilleadh fiosrachaidh agus taic.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Aithnichidh mi na diofar sheòrsaichean droch-dhiol a dh'fhaodas clann fhulang,
- Aithnichidh mi gu bheil gach seòrsa droch-dhiol ceàrr
- Togaidh mi misneachd sna faireachdainnean agam fhìn agus nam cho-dhùnaidhean mu na tha a' faireachdainn sàbhailte/mì-shàbhailte no cart/ceàrr dhòmhsa.
- 'S aithne dhomh inbhich earbsach a bheir dhomh cuideachadh ma tha iomagain orm no ma tha ceist agam.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Respect for All <http://www.gov.scot/Publications/2017/11/6766>
- Children's Parliament Investigates Bullying <https://www.childrensparliament.org.uk/our-work/cpinvestigatesbullying/> (film 8 mion. 37)
- Mìneachadh: Urram don chinne-daonna

NÒT: Tha uallach air gach àrainn-ionnsachaidh agus gach suidheachadh coimhearsnachd deagh phoileasaidh agus deagh dhòighean làimhseachaidh a bhith aca airson casg a chur air burraidheachd agus airson a làimhseachadh. Tha stiùireadh nàisteanta ri fhaighinn bho **Respect for All**, agus tha a' bhuidheann nàiseanta an aghaidh burraidheachd **respect me** a' tabhann taic. Bhiodh e coltach gum biodh obair leantainneach sa bhuidheann agaibh an aghaidh burraidheachd, giùlan nas fheàrr no poileasaidh agus practas air dàimhean. Chan eil an obair seo a' dol an àite na tha sibh a' dèanamh mar-thà a thaobh dèiligeadh ri burraidheachd agus brosnachadh deagh ghiùlain. Tha e na phàirt de ionnsachadh RSHP agus clann a chuideachadh a' tuigsinn nach bu chòir do neach sam bith a bhith fo iomagain no air an goirteachadh, agus gu bheil dòighean ann air taic agus cuideachadh fhaighinn. Dh'fhaoite gum bi an seisean seo feumail airson na tha iad air ionnsachadh agus air a choileanadh a thaobh burraidheachd.

Respect for All: <https://www.gov.scot/publications/respect-national-approach-anti-bullying-scotlands-children-young-people/>
respectme: <https://respectme.org.uk/>

Obair

1. Tòisichibh ann an cearcall. Cuir an cuimhne na cloinne na tha iad air a bhith a' dèanamh bho chionn ghoirid – obair air faireachdainnean, air a bhith a' bruidhinn ri inbheach ma tha iomagain orra.
2. Inns gu bheil sinn a' dol a thòiseachadh an t-seisein seo le faireachdainnean cudromach mu ar giùlan ri daoine eile. Thoir a-steach na faclan gu h-ìosal fear mu seach, an toiseach a' faighneachd dhan chloinn dè tha am facal a' ciallachadh dhaibhsan, 's dòcha gum faca no gun do thachair rud cotach ris dhaibh fhèin 's msaa. Tha slaighdean a' leantainn le mìneachaidhean a bhrosnaicheas còmhraidh agus eisimpleirean:

- Tha **coibhneas** a' ciallachadh gu bheil thu càirdeil agus gu bheil thu mothachail do fhaireachdainnean dhaoine eile. Tha coibhneas mu na bhios tu a' ràdh ri daoine eile agus na bhios tu a' dèanamh dhaibh.
- Tha **earbsa** a' ciallachadh gu bheil thu a' creidsinn ann an cuideigin. Agus iadsan a' creidsinn annadsa. Tha earbsa a' ciallachadh gun urrainn dhut a bhith cinnteach à cuideigin.

NÒT: Is iad air coimhead air a' chòignear inbheach aca san t-seisean mu dheireadh, faodar a chur nan cuimhne carson a thagh iad inbheach, a' cleachdadh bun-bheachd earbsa.

- Tha **co-fhaireachdainn** a' ciallachadh gu bheil thu a' feuchainn ri tuigsinn na tha a' tachairt do neach eile. 'S dòcha gum bi thu a' cleachdadh do mhac-meanmna airson smaoinachadh cò ris a bhiodh e coltach a bhith nan suidheachadh.

NÒT: Bidh am facal truas aig cuid den chloinn mar-thà. An àite iad an dà fhacal a mheasgachadh, can riutha gur e co-fhaireachdainn (empathy) a tha seo seach truas (sympathy). Mar sin tha truas a' ciallachadh gu bheil thu a' faireachdainn duilich airson cuideigin; 's dòcha gu bheil rudeigin air am fàgail brònach 's gu bheil thu duilich gu bheil iad brònach. Ach 's e co-fhaireachdainn am facal th' againn an seo.

Urram daonna (thairis air dà shlaighd)

- Tha gach neach cudromach agus sònraichte. Canaidh sinn urram daonna ris an seo.
- Tha spèis do dh'urram daonna a' ciallachadh gum bu chòir dhuinn a bhith càirdeil agus còir ri daoine eile agus gu bheil e ceàrr daoine eile a ghoirteachadh no toirt orra a bhith a' faireachdainn dona mun deidhinn fhèin.
- Ge bith ciamar a làimhsicheas neach eile thu, chan eil còir no cead aca d' urram daonna a thoirt bhut.
- Nuair a dh'ionnsaicheas tu na tha urram daonna a' ciallachadh dhutsa, chan eil thu cho buailteach gabhail ris nuair a tha daoine eile a' goirteachadh, a' dèanamh leth-bhreith air no a' cur neach eile sìos.

NÒT: Tha seo nas toinnte do chlann ach tha e deatamach gun tuig iad na còraichean aca, a' gabhail a-steach còir air dìon bho chron. Tha na slaighdean mìneachaidh airson còmhraidh a thòiseachadh a leanas nas fhaide air adhart san leasan.

3. A-nis agus na faclan seo air an toirt a-steach, inns gun do rinn thu seo air sàillibh gu bheil sibh gu bhith a' bruidhinn air **burraidheachd** an-diugh. Agus gu bheil sibh a' dol a choimhead film goirid mu

obair a tha clann air a bhith a' dèanamh gus ar cuideachadh a' tuigsinn mar a bheir sinn dìon do chlann bho bhurraidheachd – agus gu bheil a' chlann seo a' smaoinneachadh gum bu chòir dhuinn uile a bhith coibhneil agus earbsa a chur ann an cuideigin. Bu chòir co-fhaireachdainn a bhith againn do dhaoine eile cuideachd agus bu chòir gun tuig clann gum bu chòir urram daonna a bhith againn gu lèir. Coimhead film Pàrlamaid na Cloinne (faid 8 mion. 37)

<https://www.childrensparliament.org.uk/our-work/cpinvestigatesbullying/>

Dèanaibh còmhraidh, beachdan air an fhilm, a' tilleadh chun a' bhòrd-gheal agus na prìomh fhaclan, iarr air a' chloinn cuimhneachadh na chaidh a ràdh mu **Choibhneas, Earbsa, Co-fhaireachdainn** agus mu **Urram Daonna**.

4. **A' sgrìobhadh agus/no a' bruidhinn mu bhurraidheachd.** Thoir air a' chloinn beagan ùine a chur seachad leotha fhèin airson sgrìobhadh mu bhurraidheachd. No, dh'fhaodadh sibh tòiseachadh le gnìomh labhairt ann am buidhnean beaga. Thoir dhaibh cuid de mholaidhean air an t-slaighd. Ma tha a' chlann deònach, nas fhaide air adhart b'urrainn dhaibh am beachdan a leughadh do chàch.

Mu bhurraidheachd:

Ciamar a shaoileas tu a tha e a' faireachdainn a bhith a' fulang burraidheachd?

Nam biodh tusa a' fulang burraidheachd, cò dha a dh'innseadh tu?

Ciamar a chuidicheas sinn pàiste a tha a' fulang burraidheachd?

Ciamar a chuidicheas sinn pàiste a tha nam burraidh do dhaoine eile?

5. **Airson crìochnachadh,** thoir dùbhlann coibhneis dhan chloinn. Tha bun-bheachd 'gnìomhan coibhneis air thuaiream' (random acts of kindness) a' còrdadh ri clann. Iarr air gach pàiste smaoinneachadh air rud coibhneil a dh'fhaodadh iad a dhèanamh do phàiste sa chlas an-diugh no a-màireach, ach feumaidh iad a dhèanamh gun ùpraid, no gun leigeil orra gu bheil iad ga dhèanamh. Aig deireadh an ath latha faighnich dhan chloinn a bheil neach eile air a bhith coibhneil, agus ciamar. 'S dòcha gum bi feadhainn a' tomhas, 's dòcha gun aithnich feadhainn eile coibhneas! Cuideachd aig deireadh an latha till gu 'An còignear agamsa' airson daingneachadh.

Beachdan eile

- Dh'fhaodadh a' chlann postairean a dhèanamh le sgrìobhadh agus dealbhan airson smaoinneachadh air na rudan coibhneil a bhios daoine a' dèanamh dha chèile san sgoil, san dachaigh no sa choimhearsnachd.
- Cleachd na prìomh theirmean ann an obair eile – mar eisimpleir far a bheil caractar ann an leabhar a' sealltainn coibhneas no co-fhaireachdainn no far a bheil rud deimhinneach a' tachairt do chuideigin sa chlas/bhuidheann 's gu bheil iad a' faireachdainn math/moiteil mun deidhinn fhèin 's gu bheil seo math dhan urram dhaonna aca 's msaa.

Ceangal ris an dachaigh

- Tha teacsa an cois a' chiad gnìomh ionnsachaidh airson brath dhachaigh gu pàrantan/luchd-cùraim mun obair sa bhloc seo.
- Gabhaidh an ceangal seo chun an fhilm **Children's Parliament Investigates Bullying** a chur air làrach a' chlas/na sgoile/a' bhuidhinn <https://www.childrensparliament.org.uk/our-work/cpinvestigatesbullying/> còmhla ris a' mhìneachaidh air urram daonna.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo

- Nuair a tha mi a' faireachdainn sàbhailte/mi-shàbhailte
- An 5 earbsach agamsa
- Droch-dhìol fiosaigeach agus dearmad
- Droch-dhìol feiseil

Nòtaichean Tidseir

